

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk * This is Litir 341. Note that Roddy also broadcasts a simplified version – An Litir Bheag – on Monday evenings at 7.00 pm. This is also available on the BBC website. Litir Bheag 37 corresponds to Litir 341.*

Tha dualchas Gàidhealach air leth inntinneach aig mòran àiteachan ann an Siorrachd Obair Dheathain. Am measg nan àiteachan sin, tha an Tulaich, faisg air Bealadair. Bu mhath leam sùil a thoirt air trì ainmean àite anns an sgìre sin. Is iad sin *Sliabh a' Bheannachaidh, Dail a' Mhallachaidh* agus àite ìosal air an talchan ri taobh Uisge Dè air a bheil *Poll na h-Iuchrach*. Tha e coltach gu robh Poll na h-Iuchrach uaireigin mar phàirt dhen abhainn. A rèir beul-aithris, tha na h-ainmean sin uile co-cheangailte ri naomh a bha uaireigin ainmeil anns an sgìre sin.

B' esan Nachlan. Bha e beò anns an t-seachdamh linn, agus bha e dileas do dhualchas Chalum Chille. Thathar dhen bheachd gur e Cruithneach a bh' ann, gum buineadh e don sgìre sin, agus gu robh e à teaghlach beartach. Tha seann tobhta anns an Tulaich air a bheil *Cill Nachlain*. 'S e sin làrach na h-eaglaise a bh' aig Nachlan o shean. Chaidh eaglais eile a thogail air an làraich o chionn fhada – agus tha sin fhèin na tobhta a-nise.

Choisinn Nachlan cliù dha fhèin mar fhear practaigeach a bha uabhasach sgileil le bhith a' fàs bàrr. Bhiodh e a' dol timcheall na sgìre, **a' sealltainn do dhaoine mar a b' fheàrr a dh'fhàsadh iad bàrr dhaibh fhèin** – eòrna is coirce is a leithid sin. Nuair a bhiodh e a' fàilneachadh air daoine eile arbhar math a bhith aca, bha bàrr math an-còmhnaidh aig Nachlan. Bhiodh e a' toirt taing do Dhia.

Bliadhna a bha seo, bha gort ann. Cha robh biadh gu leòr aig na daoine. Gu fortanach bha stòras de dh'arbhar aig Nachlan. Thug e sin do na daoine airson an cumail beò. Ge-tà, chleachd iad uiread dhen stòras aige, 's nach robh sìol air fhàgail airson cur as t-earrach. Bha a h-uile duine a-nise ann an staing.

A rèir na sgeòil, chuir Nachlan earbsa ann am freastal Dhè. Dh'iarr e air a luchd-taic gainmheach a thoirt à Uisge Dè agus a sgaoileadh air na h-achaidhean. Nuair a bha sin dèante, chaidh Nachlan gu a ghlùinean agus bheannaich e an t-àite. Gu h-iongantach, dh'fhàs bàrr math air a' bhliadhna sin.

As t-fhoghar, thàinig daoine cruinn còmhla airson am bàrr a bhuain. Nuair a bha iad deiseil airson tòiseachadh, dh'èirich stoirm. Shèid i an t-arbhar thairis gus an robh e na laighe air an talamh. Dh'fhàs Nachlan feargach agus choirich e Dia airson na thachair.

An ceann greis chiùinich an stoirm, agus chaidh an t-arbhar a bhuain math gu leòr. Ach **bha Nachlan ga ithe fhèin airson na thuirt e ri Dia**, agus mar a dh'fhàs e feargach leis. Ghabh e aithreachas, agus chuir e peanas air fhèin. Cheangail e a ghàirdean deas do chois agus chuir e glas air. Thilg e an iuchair do dh'Uisge Dè. Bha sin anns an àite ris an canar, chun an là an-diugh, *Poll na h-Iuchrach*. Thuirt Nachlan nach fhuasgladh e a' ghlas gus am biodh e air tadhal air an Ròimh. Tha cuid dhen bheachd gu robh e airson maitheanas iarraidh bhon Phàp

fhèin. Tha cuid eile ag ràdh gu robh e airson tadhal air na comhain aig na Naoimh Peadar is Pòl.

Nuair a bha e san Ròimh, thachair Nachlan ri balach a bha a' reic èisg. Cheannaich an t-Albannach iasg bhuaithe agus thug e air ais e airson a dhìnnearach. Nuair a bha e ga chutadh, lorg e rudeigin meatailt na bhroinn. Dè bh' ann? A, uill, innsidh mi sin dhuibh an ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Siorrachd Obair Dheathain: *Aberdeenshire*; An Tulaich: *Tulich*; Bealadair: *Ballater*; naomh: *saint*; Nachlan: *Nathalan, Nachlan*; an-còmhnaidh: *always*; gort: *famine*.

Abairtean na Litreach: Sliabh a' Bheannachaidh, Dail a' Mhallachaidh: *the moor of blessing, the dale of cursing*; air an talchan ri taobh Uisge Dè: *on the haugh beside the River Dee*; Poll na h-Iuchrach: *the pool of the key*; uaireigin mar phàirt dhen abhainn: *at one time part of the river*; dileas do dhualchas Chaluim Chille: *loyal to the Columban heritage*; thathar dhen bheachd gur e Cruithneach a bh' ann: *it is thought he was a Pict*; tha sin fhèin na thobhta a-nise: *that is now a ruin*; choisinn Nachlan cliù dha fhèin: *Nachlan developed a reputation*; mar fhear practaigeach a bha uabhasach sgileil le bhith a' fàs bàrr: *as a practical man who was extremely skilful in growing crops*; eòrna is coirce is a leithid sin: *barley and oats and things like that*; nuair a bhiodh e a' fàilneachadh air daoine eile: *when other people failed*; stòras de dh'arbhar: *a store of corn*; chleachd iad uiread: *they used so much*; 's nach robh sìol air fhàgail airson cur as t-earrach: *that there was no seed left to plant in spring*; ann an staing: *in a bad situation*; chuir Nachlan earbsa ann am freastal Dhè: *Nachlan was confident of God's providence*; bheannaich e an t-àite: *he blessed the place*; airson am bàrr a bhuaibh: *to harvest the crop*; shèid i an t-arbhar thairis: *it blew the corn over*; choirich e Dia: *he blamed God*; chiùinich an stoirm: *the storm abated*; ghabh e aithreachas, agus chuir e peanas air fhèin: *he regretted it, and he punished himself*; cheangail e a ghàirdean deas do a chois: *he tied his right arm to his leg*; nach fhuasgladh e a' ghlas gus am biodh e air tadhal air an Ròimh: *that he would not release the lock until he had visited Rome*; na comhain aig na Naoimh Peadar is Pòl: *the shrines of Saints Peter and Paul*; airson a dhìnnearach: *for his dinner*; nuair a bha e ga chutadh: *when he was gutting it*; rudeigin meatailt na bhroinn: *something metal inside it*.

Puing-chànain na Litreach: a' sealltainn do dhaoine mar a b' fheàrr a dh'fhàsadh iad bàrr dhaibh fhèin: *showing [to] people how best they could [would] grow crops for themselves*. Mar a b' fheàrr is a useful adverbial phrase – note how it is used and where it appears in the sentence. Here is another example of its use. Sheall mi dhaibh mar a b' fheàrr a chutadh iad iasg: *I showed them the best way to gut a fish*. It often appears with urrainn eg dh'innis i dhomh mar a b' fheàrr a b' urrainn dhomh a dhèanamh (*she told me how best to do it*). The same sentence in English might be translated as dh'innis i dhomh mar a b' fheàrr a dhèanainn e. Note that in all these cases, the verbs following the phrase are in the conditional.

Gnàths-cainnt na Litreach: bha Nachlan ga ithe fhèin airson na thuirt e ri Dia: *Nachlan was sorely vexed (lit. "was eating himself") about what he [had] said to God*.

* Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.